



SOILLSE RESEARCH FUND

STÒRAS RANNSACHAIDH SHOILLSE

Fiosrachadh do Thagraichean – 2015/16

STÒRAS RANNSACHAIDH SHOILLSE

Ceann-uidhe Stòras Rannsachaidh Shoillse

Stèidheachadh Stòras Rannsachaidh Shoillse gus taic a chumail ri pròiseactan beaga rannsachaidh air diofar chuspairean co-cheangailte ri leasachadh na Gàidhlig agus iad a' freagairt air amasan is cinn-uidhe Shoillse. Is prìomh amas an Stòrais ach leasachadh a dhèanamh air comas rannsachaidh co-bhuinn acadaimigich Shoillse, am measg luchd-rannsachaidh a tha, agus feadhainn a dh'fhaodadh a bhith, an-sàs an obair a' cho-bhuinn. Thathas cuideachd ge-tà a' sùileachadh gun tèid pròiseactan luchd-rannsachaidh lionra acadaimigich Shoillse a chumail an compàirteachas le institiudan foghlam àrd-ìre eile is le buidhnean/daoine aig a bheil ùidh ann an ath-nuadhachadh na Gàidhlig. Le siostaman is dòighean rannsachaidh ùra air a stèidheachadh anns an dòigh-obrach chom-pàirteachail seo, thèid barrachd eòlais is fiosrachaidh a sgaoileadh, piseach a thoirt air comas is sàr-sgilean rannsachaidh agus barrachd thuigse a chruthachadh air fìor mhodhan-obrach leasachadh na Gàidhlig. Cuiridh an com-pàirteachas seo ri ìre de chomas a th' ann a thaobh rannsachadh air a' Ghàidhlig; le dàimhean air an togail le daoine is le buidhnean a tha a' gabhail pàirt ann am pròiseactan nach biodh iad idir air a bhith dualtach a dhol an-sàs ann.

Cumaidh Stòras Rannsachaidh Shoillse taic suas gu £3,000 ri pròiseactan rannsachaidh. A bharrachd air seo, feumaidh gach pròiseact cuideachd maoinachadh-ionann luach 40% dhe na thathas a' faighinn bho Shoillse. Thèid beachdachadh air tagraidhean-rannsachaidh sam bith fhad 's a tha dàimh aca ri leasachadh na Gàidhlig. Faodar iarrtasan a' cur a-steach, mar eisimpleir, air rannsachadh air togail na Gàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig am measg choimhearsnachdan is theaghlaichean; air a leithid fèin-aithne is misneachd co-cheangailte ri Gàidhlig, air iomchaidheachd is èifeachdas phoileasaidhean poblach is iad a' buntainn ris a' Ghàidhlig; an t-àite aig teicneòlas an cumail taic ri leasachadh na Gàidhlig, Gàidhlig agus na meadhanan ùra; Gàidhlig ga cleachdadh an saoghal ionnsachaidh agus siostaman foghlaim. Dheigheadh fàilte gu h-àraidh a chur air tagraidhean bho bhuill co-bhuinn acadaimigich Shoillse ann an com-pàirteachas le buidhnean eile sna roinnean poblach is prìobhaideach.

Tha a' mhaoin a' sireadh thagraidhean ann an cuairt 2015-16 a tha a' freagairt gu sònraichte ri Pròiseact Rannsachaidh Gàidhlig nan Eilean aig Shoillse, a thèid a chur air bhog san t-Sultain 2015. 'S e pròiseact rannsachaidh ioma-mhòdach a tha seo anns an tèid dàta làthaireach cànan a sgrùdadh, dàta uimhireil neo-eisimeileach a chruthachadh, agus co-chomhairleachadh coimhearsnachd air iomairtean planadh cànan a chur an sàs, airson pròiseas leantainneach a stèidheachadh agus dòigh sgrùdaidh a chur air chois a chumas taic ri planadh cànan èifeachdach. Chithear na 7 modalan an seo:

- Modal 1: Modal Ullachaidh - Ìre planaidh is sgrùdaidh agus Stèidheachadh na Bunaite Àireamhail: Sgrùdadh iomlan air dàta air comasan cànan anns a' chunntas sluaigh a rèir figearan anns na h-Eileanan Siar agus sgìrean anns na h-Eileanan a bhios am pròiseact a' sgrùdadh
- Modal 2: Sgrùdadh stèidhichte air ceisteachan ann an sgoiltean-àraich airson cleachdadh cànan teaghlach na cloinne a thomhas

- Modal 3: Sgrùdadh deamografach air feartan sòiseo-cànanach ann an coimhearsnachdan Gàidhlig
- Modal 4: Sgrùdadh uimhireil stèidhichte air ceisteachan air beachdan mu chànanan, comasan is cleachdaidhean agus suidheachadh sòiseo-cànanach teaghlaichean nan deugairean anns na 4 àrd-sgoiltean anns na h-Eileanan
- Modal 5: Co-chomhairleachadh poblach agus oifigeil air miannachadh cànanain agus draghan poileasaidh airson nan Eileanan
- Modal 6: Co-fhilleadh cleachdaidhean planadh cànanain L1 agus L2 mar mhodal airson iomairtean cànanain anns na h-Eileanan
- Modal 7: Aig an ìre sgrìobhaidh, aithris agus sgaoileadh dàta, thèid aithisg iomlan agus plana gnìomh fhoillseachadh còmhla ri ro-innleachd mheadhanan a bhios ag amas air taic choitcheann agus institiudeach airson nan iomairtean planadh cànanain a thèid moladh.

Mu Shoillse

Chaidh Soillse a stèidheachadh air sàilleabh gu bheil goireasan rannsachaidh a dhìth aig ìre ro-innleachd a tha comasach air fianais, dearbhadh agus tuigse fhreagarrach a thoirt do phoileasaidhean poblach a tha/bhitheas air an dealbhachadh airson ath-nuadhachadh a thoirt air cor na Gàidhlig ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

Ma thathas a' sùileachadh gun tèid fiosrachadh, brosnachadh is buaidh a thoirt gu/air modhan-obrach proifeasanta agus cruthachadh phoileasaidhean a tha neartachadh suidheachadh na Gàidhlig an Alba, 's ann a tha e riatanach gum bi comas rannsachaidh nàiseanta air leth ann; leis an rannsachadh air a cho-òrdanachadh ann an dòigh a chumas fiosrachadh ri poileasaidhean is prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba cho math ri prìomhachasan Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

Dòigh-obrach Chompàirteachail

Tha Soillse stèidhichte air com-pàirteachais acadaimigeach de dh'Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Ghlaschu is Oilthigh Dhùn Èideann. 'S ann aig Sabhal Mòr Ostaig agus Colaiste a' Chaisteil (Leòdhas) a theid rannsachadh a chumail le UHI mar phàirt den chobhanntachd.

Feumar com-pàirteachas dòigheil a stèidheachadh eadar na com-pàirtichean acadaimigeach agus na coimhearsnachdan Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun soirbhich le Soillse thairis air an fhad-ùine.

Maoineachadh Shoillse

Thathas air £5.29 millean de mhaoineachadh a thoirt seachad do Shoillse. Thàinig £1.86m bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba, £541,000 bho Bhòrd na Gàidhlig is £400,000 bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Thèid £2.49m de dh'airgead ùr is airgead ionnan fhaighinn bho chom-pàirtichean acadaimigeach Shoillse. Rè a' phròiseict, thèid 9 oileanaich PhD is 5 luchd rannsachaidh fhastadh. Cumaidh 3 sàr-eòlaichean eadar-nàiseanta taic ris a' phròiseact mar luchd-coimhearlachaidh Shoillse. A' cur ris na tha ann mar-thà de theòmachd am measg nam com-pàirtichean, tha Soillse air Àrd-ollamh Rannsachaidh agus Manaidsear Pròiseict fhastadh.

Is an t-airgead-seilbhe a fhuair Soillse an t-suim airgid bu mhotha a-riamh a thig a chosg air rannsachadh Gàidhlig; le goireasan nan Institiudan acadaimigeach ag obrachadh maille ri chèile.

Cuspairean is Amasan Rannsachaidh Shoillse

Is amas Shoillse gun tèid comasan rannsachaidh nan diofar institiudan acadaimigeach obrachadh còmhla ach an tèid na leanas a leasachadh agus a stèidheachadh:

- Comas rannsachaidh aig ìre eadar-nàiseanta a bheir taic, fiosrachadh is buaidh air poileasaidhean nàiseanta is ionadail airson a' Ghàidhlig a ghlèidheadh is ath-nuadhachadh an Alba is eile; agus
- Lìonra cumhachdach rannsachaidh am measg nan Institiudan Foghlam Àrd-ìre na h-Alba a tha a' gabhail pàirt; a' togail dhàimhean eadar rannsachaidhean nàiseanta le sàr-eòlas is ùidh an gnothaichean co-cheangailte ri suidheachadh na Gàidhlig san là an-diugh, agus Institiudan rannsachaidh mhion-chànan eadar-nàiseanta.

Is iad na trì prìomh chuspairean rannsachaidh aig Soillse:

- Gàidhlig mar chànan choimhearsnachdan is theaghlaichean;
- Gàidhlig ann am foghlam; agus
- Measadh air buaidh phoileasaidhean poblach air ath-nuadhachadh na Gàidhlig.

Cò as urrainn cur a-steach airson taic-airgid bho Stòras Rannsachaidh Shoillse?

Feumar cunntas-banca clàraichte a bhi co-dhiù aig prìomh thagraichean a tha a' sireadh taic-airgid bho Shoillse mu choinneamh rannsachadh. Tha feum cuideachd aig tagraichean a dhèanamh follaiseach gu bheil comas aig an sgioba-rannsachaidh an obair is na h-amasan a choileanadh a-rèir clàr-ama a' phròiseict. Feumaidh na pròiseactan buntanas a bhi aca ri amasan is cinn-uidhe rannsachaidh Shoillse.

Faodaidh na leanas cur a-steach airson taic-airgid:

- Luchd-obrach - a' gabhail a-steach oileanach for-cheumaiche is fo-cheumnaiche (aig àrd-ìre) - Roinnean is Sgoiltean Gàidhlig is Ceilteach chom-pàirtichean acadaimigeach an-sàs an Soillse.
- Pròiseactan co-obrachaidh le prìomh thagraiche an iarrtais na chom-pàirtiche acadaimigeach Shoillse.
- Tagraidhean bho Sgoil/Roinn Institiud Foghlaim Àrd-ìre sam bith, far nach eil na Sgoiltean/Roinnean Gàidhlig is Ceilteach nam com-pàirtichean acadaimigeach Shoillse.
- Daoine no co-chomhairlichean fa leth, agus far am bheil Institiud Acadaimigeach Shoillse am prìomh thagraiche airson an taic-airgid.

Cò nach fhaigh taic-airgid?

Chan eileas an dùil gun tèid gabhail ri tagraidhean bho dhaoine fa leth no bhuidhnean aig nach eil cunntas-banca, air neo bho chompanaidhean prìobhaideach agus iad an dùil prothaid a dhèanamh às a' rannsachadh.

Pròiseactan a tha iomchaidh son taic

Thèid pròiseactan a mheas iomchaidh ma tha iad a' coimhead ris, a leithid, ceist rannsachaidh; ri neartachadh comas rannsachaidh; no iomairt gus sgaoileadh eòlais. Feumar, ge-tà, ceangal a bhith aca ri co-dhiù aon den 3 prìomh amasan rannsachaidh Shoillse. Thèid na tagraidhean a mheasadh gu foirmeil a-rèir shlatan-tomhais aontaichte gus dearbhadh gu bheil am pròiseas breithneachaidh fìor chunntachail, soilleir. 'S iad na 4 slatan-tomhais foirmeil airson measadh nan tagraidhean, ach:

<u>Slatan-tomhais</u>	<u>Os-mheud</u>
1. Ìre aig a bheil meudachadh chomasan-rannsachaidh aig bun an tagraidh	5
2. Dè cho fìor ùr, iomchaidh is so-dhèanta 's a tha an tagradh	5
3. Ìre is gum faod rannsachadh ùr air a' Ghàidhlig thighinn às a' phròiseact	5
4. Sgìlean Gàidhlig an sgioba rannsachaidh	4

Pròiseactan nach fhaigh taic-airgid

Chan eileas an dùil gu tèid beachdachadh air pròiseactan a leithid:

- Pròiseactan rannsachaidh Gàidhlig a tha a' faighinn taic-airgid mar-thà bho mhaoinean eile.
- Pròiseactan rannsachaidh Gàidhlig air an cur an gnìomh mar-thà.
- Pròiseactan far a bheil an t-airgead a thathas a' sireadh air a chosg mar-thà.

An t-suim-airgid as motha a gheibhear

Thathas a' sireadh thagraidhean airson taic-airgid suas gu £3,000 air gach pròiseact. Tha feum aig na pròiseactan cuideachd taic-ionnan luach 40% dhe na thathas a' sireadh fhaighinn an dòigh eile¹. Faodaidh na leanas a bhith san taic-ionnan: taic bho mhaoinean-airgid eile, cosgaisean ùine luchd-obrach an-sàs sa phròiseact, cosgaisean mu choinneamh cleachdadh ghoireasan oilthighean an libhrigeadh a' phròiseict air/no taic sam bith eile a tha a' cur ris coileanadh a' phròiseict.

Am feum Gàidhlig a bhith na pàirt den phròiseact rannsachaidh?

Feumaidh comas Gàidhlig a bhruidhinn a bhith aig co-dhiù cuid dhen sgioba rannsachaidh.

Co-dhùnidhean air cò gheibh taic-airgid

Cuiridh Soillse fios do thagraidhean mun a' cho-dhùnadh air/ro 29/02/16.

A' cosg an taic-airgid

Tha an taic-airgid le chosg a-mhàin air a' phròiseact rannsachaidh dhan deach an airgead a thabhairt. Chan fhaod taic-airgid bho Sgeama Rannsachaidh Bhig Shoillse a chleachdadh mar thaic-airgid ionann no mar mhaoineachadh 'leverage' mu choinneamh phròiseactan/thagraidhean eile dham bheil an tagraiche a' lorg taic-airgid.

Am bi cothroman eile ann cur a-steach airson taic-airgid bhon stòras rannsachaidh?

'S dòcha gum bi cothrom eile ann, ann an 2016, ach chan fhaodar a ràdh le cinnt.

An seòrsa fiosrachadh air am bi feum rè ùine a' phròiseict

Bidh Soillse feumach air aithisg adhartais agus air aithisg-dheireannach, nuair a tha an rannsachadh deiseil. Faodaidh gun cuir luchd-obrach Shoillse fios do thagraichean aon uair is gu bheil am Pròiseact rannsachaidh air tòiseachadh ach am faighear fios neo-fhoirmeil air adhartas a' phròiseict.

Plana-rannsachaidh, clàr-ama is toraidhean

Bu chòir do thagraidhean plana-rannsachaidh soilleir a bhi aca airson nam pròiseactan 8-mìosan seo, agus am fiosrachadh a leanas nan lùib:

¹ Mar eisimpleir, feumaidh pròiseact a tha a' lorg £3,000 de thaic-airgid, £1,200 de thaic-ionnan a bharrachd fhaighinn. Ann an suidheachadh mur seo, 's i £4,200 prìs iomlan a' phròiseict.

- Amasan is feallsanachd an rannsachaidh
- Plana-adhartais mìosail
- Dòighean-obrach air cruinneachadh is sgrùdadh an fhiosrachaidh
- Cunntas goirid air buill an sgioba rannsachaidh, agus na dleastanasan aca sa phròiseact
- Cunntas air a’ mhaoineachadh-ionnan (m.e. airgead; oifisean air an cleachdadh, uidheamachd is goireasan...)
- Plana-ionmhais (m.e. tuarasdalan bhall a’ phròiseact, cosgaisean-siubhail, cuibhreann teach-an-tìr...)
- Modhan beusail, m.e. a’ glèidheadh chòirichean, agus fiosrachadh sam bith air, na feadhna bhon fhuaireas dàta; a’ faighinn cead fiosraichte bho luchd-freagairt...)

Aig deireadh Seachdain 20 bu chòir *Aithisg Adhartais* chur a-steach ach am faigh Sgioba Stiùiridh Shoillse cothrom measadh a dhèanamh air adhartas a’ phròiseict, agus comhairle thoirt seachad.

Bu chòir *Dreach Aithisg Dheireannach* chur a-steach aig deireadh 8-mìosan a’ phròiseict. Thèid seo a leughadh leis an Sgioba Stiùiridh agus bheir iad seachad comhairle a bharrachd oirre, le dùil gun tèid an aithisg fhoillseachadh air làrach-lìn Soillse.

Ceann-latha son tagraidhean

Feumaidh tagraidhean slàn a bhith a-staigh air/ro 31/01/16. Cha tèid coimhead ri tagraidhean airson na cuairte seo às dèidh a’ chinn-latha seo.

Mar a chuireas a-steach airson maoinachadh rannsachaidh

Feumaidh am prìomh thagraiche foirm-iarrtais a lìonadh, foirm a tha ri fhaighinn air làrach-lìn Soillse air neo le fios ga chur gu Mhànaidsear Pròiseict Shoillse airson leth-bhreac pàipeir.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd air Stòras Rannsachaidh Shoillse bho Mhànaidsear a’ Phròiseict.

Bu chòir foirmean-iarrtais a bhi air an lìonadh is air a chur a-steach mar phost-d gu fios@soillse.ac.uk air neo tron phost gun t-seòladh a chithear gu h-ìosal air/ro 31/01/16.

Gordon Wells
SOILLSE
Fàs
Sabhal Mòr Ostaig
Slèite
An t-Eilean Sgitheanach
IV44 8RQ

Fòn - Tel: 01471 888559
Post-d – Email: fios@soillse.ac.uk